

SCIAF 2026 – AM BOCSA BEAG

Os leth SCIAF, tha mi airson taing a thoirt dhuibh airson ur coibhneas gach bliadhna. Tha ur coibhneas air atharrachadh a thoirt air beatha mòran dhaoine air feadh an t-saoghail.

Air a' Charghas seo tha sùil SCIAF air Ethiopia – dùthaich a bha air adhartas mòr a dhèanamh ach o chionn beagan bhliadhnaichean a tha air fulang gu mòr ri linn cogadh, atharrachadh sìde is eile. Tha feum aig mòran san dùthaich sin air uisge a tha glan agus sàbhailt a chleachdadh. Tha e a' fàs nas duilghe agus nas duilghe sin fhaighinn agus as aonais uisge glan, tha sgoiltean a' dùnadh agus chan urrainn dha òigridh cumail a' dol le fòghlam. A bharrachd air an sin chan eil sian a' fàs agus tha coimhearsnachdan gus a dhol à bith.

Seo mar a dh'inns Mgr Abraha dha sgioba SCIAF o chionn ghoirid: “Gun uisge, chan eil beatha ann. Beag air bheag tha sinn a' dèanamh a' ghnòthach air daoine chuideachadh agus tha sinn a' toirt taing mhòr dha muinntir na h-Alba a tha gar cumail a' dol. Fiù 's ann an àitichean far a bheil dachaighean, tuathanasan agus siostaman uisge air an sgrios, tha daoine fhathast a' toirt taing dha muinntir na h-Alba.”

Thuir e cuideachd gur e an eaglais an aon rud a tha seasmhach agus gu bheil i a' frithealadh air a h-uile duine air feadh an t-saoghail gur bith cò iad. Tro bhith a' cur taic ri SCIAF tha coimhearsnachd Caitligeach na h-Alba a' frithealadh air na daoine sin cuideachd.

Tha h-uile sgillinn, a h-uile ùrnaigh agus gach gnìomh carthannais a' cuideachadh gu mòr agus a' ciallachadh gu bheil cothroman agus dòchas aig daoine nach robh aca roimhe.

Tha am Pàp Leo a' cur nar cuimhne gur e gràdh agus taic dha na bochda tha sealltainn gu bheil an eaglais dìleas dha rùn Dhè.

Tha na chruinnicheas sinn anns an bocsaichean beaga air a' Charghas seo a' ciallachadh beatha nas fhèarr dha mòran dhaoine ann an Ethiopia.

Mòran taing agus beannachadh Dhè oirbh uile.